

<b>Adhbhar na Dreuchd</b>	
<b>Tìotal na h-Obrach:</b>	<b>Cruthadair Ghoireasan Gàidhlig</b>
<b>Àite:</b>	Sùbailte
<b>Cùmhnant:</b>	Maireannach (beachdaichear air co-roinn na dreuchd)
<b>Uairean san t-seachdain:</b>	35
<b>Cunntachail gu:</b>	Ceannard
<b>Tuarastal:</b>	£42,018 per annum + Cuibhreann nan Eilean ma bhios sin iomchaidh

## Adhbhar na Dreuchd

Bidh Cruthadair nan Goireasan Gàidhlig a' leasachadh sàr ghoireasan tarraingeach a bheir taic do ionnsachadh, cleachdadh agus brosnachadh na Gàidhlig agus a cultar. Tha an dreuchd ag amas air stuthan foghlaim do luchd-ionnsachaidh, luchd-foghlaim agus dhan choimhearsnachd Ghàidhlig san fharsainneachd a chruthachadh a bhios ruigsinneach agus mionaideach a thaobh cànan agus cultar.

## Dleastanasan

1. A' cuideachadh le leasachadh agus libhrigeadh prìomh phrògram foillseachaidh Stòrlann, gu h-àraidh co-cheangailte ri goireasan bun-sgoile mar duilleagan-obrach, planaichean leasain, sgrìobtan èisteachd, bhidiothan agus geamannan foghlaim.
2. A' gabhail pàirt ann an sgiobaidhean phròiseactan a rèir feum.
3. A' sgrùdadh, a' cruthachadh, a' sgrìobhadh agus a' dèanamh dreuch de stuthan mar a thèid aontachadh.
4. A' dèanamh ceangal ri sgoiltean agus ùghdarrasan.
5. A' cumail suas ris an stiùireadh as ùire air foghlaim agus cànan a thaobh Gàidhlig mar chuspair agus a' gabhail pàirt ann an cùrsaichean trèanaidh air an aontachadh ris a' Mhanaidsear.
6. A' dèanamh cinnteach gu bheil goireasan a' tighinn a rèir frèam-obrach a' churraicealam.
7. A' dèanamh ceangal ri Sgioba Càileachd Stòrlann airson a bhith cinnteach à mionaideachd agus ìre cànan agus ùghdarrachd cultarail nan stuthan gu lèir.
8. A' dèanamh ceangal ri buidhnean iomchaidh, air aontachadh le Stòrlann, airson cur ri leasachadh ghoireasan.
9. A' dèanamh cinnteach gu bheil gach obair is dleastanas air an coileanadh gu sàbhailte gus nach èirich cron sam bith dhut a thaobh do shlàinte no do shàbhailteachd, no do neach-obrach sam bith eile no do neach dhen phoball.
10. A' gabhail pàirt ann an tachartasan ionnsachadh fad-bheatha gus taisbeanadh a dhèanamh air goireasan foghlaim Stòrlann, mar eisimpleir trèanadh in-sheirbheis.
11. A' siubhal mar a bhios feum air gus dleastanasan na h-obrach a choileanadh.
12. Dleastanasan eile a rèir inbhe na dreuchd air am bi feum bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach à èifeachdas na seirbheis.

**SÒNRACHADH PEARSA**

Tha am foirm seo a' comharrachadh nan slatan-tomhais riatanach agus feumail a chleachdar ann a bhith a' taghadh thagraichean a bhios air am fiathachadh gu agallamh. Dèanaibh cinnteach gun lion sibh ur foirm-tagraidh a rèir nan slatan-tomhais seo.

**TIOTAL NA H-OBRAICH: Cruthadair Ghoireasan Gàidhlig**

SLATAN-TOMHAIS		RIATANACH		FEUMAIL
<b>Eòlas</b>	E1	Sàr eòlas air teagasg ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig anns a' Bhun-sgoil.	D1	Eòlas air sgrìobhadh, eadar-theangachadh, deasachadh agus sgilean dearbh-leughaidh.
	E2	Eòlas air gràmar, stoidhle agus modh-cànain na Gàidhlig.	D2	Eòlas air stiùireadh phròiseactan.
<b>Sgilean agus comasan</b>	E3	Sàr sgilean ann an litearrachd na Gàidhlig gu ìre adhartach (leughadh, sgrìobhadh, labhairt)		
	E4	Èifeachdas ann an cùisean eagrachail agus rianachd, a' gabhail a-steach comas dearbhte air cinn-latha a libhrigeadh a rèir buidseat		
	E5	Eòlas air prògraman Microsoft Office		
	E6	Èifeachdas ann an stèidheachadh deagh dhàimhean-obrach le cunnradairean		
	E7	Sàr sgilean cruthachaidh ann a bhith a' sgrìobhadh agus a' leasachadh ghoireasan dhan chlas		
	E8	Eòlas air a bhith ag obair nad aonar agus ann an sgioba		
	E9	Sàr sgilean conaltraidh		
<b>Foghlam</b>	E10	Teisteanas ann an teagasg Gàidhlig	D3	Eòlas air stiùireadh phròiseactan
<b>Eòlas</b>	E11	Eòlas air teagasg tro mheadhan na Gàidhlig sa Bhun-sgoil		

<b>Eile</b>	E12	Cead-dràibhidh (feumail)		
	E13	Dòigh-obrach shùbailte		